

# Sùil air a' Ghàidhlig

EDUCATION SCOTLAND NEWSLETTER

ISSUE 3



## RO-RÀDH

Fàilte chun an treas iris de Sùil air a' Ghàidhlig, a' chuairt-litir a tha a' cur cuideam air leasachaidhean Gàidhlig aig Foghlam Alba.

Tha dleastanas agam mar Cho-òrdanaiche Gàidhlig a' toirt a-steach taic dha luchd-cleachdaidh agus dha cuid eile a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig. Cuiridh sinn fàilte cuideachd air eisimpleirean sam bith de dheagh chleachdadh a nochdas. Bheir a' chuairt-litir seo beachd dhut air cuid den obair anns a bheil sinn an sàs.

Ma tha thu airson tuilleadh fiosrachadh fhaighinn mu obair leantainneach an sgioba Gàidhlig no ma tha thu airson innse dhuinn mu na tha thu a' dèanamh, nach cur thu fios thugainn aig Foghlam Alba. [cathie.macleod@educationscotland.gov.uk](mailto:cathie.macleod@educationscotland.gov.uk)

## INTRODUCTION

Welcome to the third issue of Sùil air a' Ghàidhlig, the newsletter which highlights Gaelic developments at Education Scotland.

My role as Gaelic co-ordinator includes support for practitioners and others involved in Gaelic education. We also welcome opportunities to share emerging examples of good practice.

This newsletter will give you an indication of some of the work we are involved in.

If you would like more information about the ongoing work of the Gaelic team or if you want to tell us what you are doing, please contact us at Education Scotland. [cathie.macleod@educationscotland.gov.uk](mailto:cathie.macleod@educationscotland.gov.uk)

## Naidheachdan as Ùire

Tha Foghlam Alba an sàs ann an dà phròiseact com-pàirteachaidh sa bhliadhna acadamaiceach seo. Tha sgioba sgrìobhadairean air a chomharrachadh airson stuthan Cuspairean Sòisealta thairis air an treas is an ceathramh ìre airson Eachdraidh agus Nuadh Eòlas agus airson adhartas a leasachadh airson na th' ann airson Cruinn-eòlas an-dràsta. Chaidh latha sgrìobhadairean a chumail na bu tràithe air a' mhìos. Ma tha sibh nur tidsear Àrd-sgoile neo-chuspaireil tarsainn air Cuspairean Sòisealta le ùidh ann an lèirmheasadh co-aoiseil air na stuthan a thèid a leasachadh, cuiribh fios gu [cathie.macleod@educationscotland.gov.uk](mailto:cathie.macleod@educationscotland.gov.uk)

Tha Foghlam Alba agus Bòrd na Gàidhlig a' co-obrachadh le luchd-obrach Bhliadhnachan Tràtha bho ghrunn ùghdarrasan le bhith a' dol an sàs mar phàirt de sheata ionnsachadh gnìomhach. Thathar an dùil gun tèid raointean a tha feumach air barrachd taic a chomharrachadh tro na còmhraidhean aig na seiseanan seo.



## Latest News

Education Scotland is involved in two partnership projects this academic year. A team of writers has been identified to create Social Studies content across Levels 3 and 4 for History and Modern Studies and to develop progression for the current geography content. A writers' day was held earlier this month. If you are a Secondary non-subject specialist across Social Studies interested in peer reviewing any of this content developed, please contact [cathie.macleod@educationscotland.gov.uk](mailto:cathie.macleod@educationscotland.gov.uk)

Education Scotland and Bòrd na Gàidhlig are engaging with Early Years staff from a number of authorities through participation as part of an action learning set. It is intended that the dialogue and key issues identified through these sessions will inform areas which need further support.



# CPD

Tha prògram farsaing de chothroman CPD a-nis ri fhaighinn tro CPDCentral air Glow. Gheibhear gu duilleag dachaigh coimhearsnachd na Gàidhlig aig <http://bit.ly/dachaigh>

Dh'ìarrainn gun gabhadh sibh uile an cothrom seo coimhearsnachd Ghàidhlig a chruthachadh a dh'obraicheas còmhla, a dh'ionnsaicheas còmhla agus a bheir taic dha chèile.

Thathar a' moladh gun cuir buill dealbh air an làraich. Tha na seiseanan CPD air fad air an clàradh airson sùbailteachd a thabhan agus chithear iad air an t-seanail Ghàidhlig aig <http://bit.ly/gaelicwatchagain>

Anns na seiseanan eadar an t-Sultain is an Dùbhlachd thathar a' coimhead air na nithean a leanas. Cleachdaibh an ceangal gu h-àrd airson faighinn thuca agus gheibhear CPD mar a thogras sibh.

Measadh  
Taic airson Gàidhlig  
Riaghladh chlasaichean ioma-ìreil  
Leasachadh sgilean cànan le luchd-ionnsachaidh  
Litreachd Sgrùdach  
Litreachd Mheadhanan  
Àireamhachd

Bidh an ath phrògram de chothroman CPD ri fhaighinn aig toiseach na h-ath seisein. **'S e an CPD agaibhse a th' ann. Ma tha beachdan agaibh air seiseanan a bhiodh nan cuideachadh dhuibh, cuiribh a-steach iad dhan ishare sa choimhearsnachd Ghàidhlig aig <http://bit.ly/dachaigh> agus nì sinn ar dicheall an cur air dòigh.**

Tha am prògram CPD a' faighinn taic bho Ghillebrìde MacIlleMhaoil, goireasaiche agus bho Sheonag Shutharlanach, neach-rianachd.



## CPD

An extended programme of CPD opportunities is now available through CPDCentral on Glow. The Gaelic community home page can be accessed at <http://bit.ly/dachaigh>

I encourage you all to embrace this opportunity to create a Gaelic community that can work together, learn together and support each other.

Members are encouraged to download a photograph.

All the CPD sessions are recorded for your flexibility of use and can be viewed on the Gaelic channel at <http://bit.ly/gaelicwatchagain>

The focus of sessions from September to December is identified below. Use the above link to access them and enjoy CPD at your leisure.

Assessment  
Support for Gaelic language  
The entitlement to support all learners  
Bilingualism  
Managing composite classes  
Developing language skills with learners  
Critical literacy  
Media literacy  
Numeracy

The next programme of CPD opportunities will be available at the beginning of the new session. **This is your CPD. If you have ideas for sessions you would find beneficial, please put them into the ishare tag of the Gaelic community at <http://bit.ly/dachaigh> and we will try to deliver them.**

The CPD programme is supported by Gillebrìde MacIlleMhaoil, facilitator and Joan Sutherland, administrator.

# Làraich-lìn Foghlam Alba ann an Gàidhlig

Gheibhear gu làraich-lìn Foghlam Alba air fad bho ar duilleag dachaigh.

Tha na làraich-lìn a leanas rim faighinn ann an Gàidhlig le clioc air 'Gàidhlig' aig mullach gach duilleag dachaigh.

## Eachdraidh na h-Alba

<http://www.ltscotland.org.uk/scotlandshistory/index.asp>

## Sgeulachdan na h-Alba

<http://www.ltscotland.org.uk/scotlandsstories/>

## Òrain na h-Alba

<http://www.ltscotland.org.uk/scotlandssongs/>

## Na h-Albannaich agus Canada

<http://www.ltscotland.org.uk/scotsandcanada/>

## Na h-Albannaich agus Astràilia

<http://www.ltscotland.org.uk/scotsandaustralia/>

Ma tha sibh a' cleachdadh gin de na stuthan seo nur teagasg, bhithinn toilichte ur beachdan fhaighinn orra, agus beachdan an luchd-ionnsachaidh cuideachd.



# Education Scotland websites in Gaelic

All of Education Scotland's websites can be accessed from our homepage.

The following websites are available in Gaelic by clicking on the Gàidhlig icon at the top of their home pages.

## Scotland's History

<http://www.ltscotland.org.uk/scotlandshistory/index.asp>

## Scotland's Stories

<http://www.ltscotland.org.uk/scotlandsstories/>

## Scotland's Songs

<http://www.ltscotland.org.uk/scotlandssongs/>

## Scots and Canada

<http://www.ltscotland.org.uk/scotsandcanada/>

## Scots and Australia

<http://www.ltscotland.org.uk/scotsandaustralia/>

If you are using any of these resources in your teaching, I would be keen to hear your views about them, and the views of the learners also.

## Stòras na Gàidhlig

Tha dreach ùr den bheag-fhaclair ann an Gàidhlig-Beurla is Beurla-Gàidhlig ri fhaighinn às ùr air an làrach seo. Gheibhear abairtean a thathar a' cleachdadh gu tric ann an grunn raointean curraicealaim agus tha e an òrdugh na h-aibidil. <http://gaidhlig.ltscotland.org.uk/innealantaic/briathrachas.asp>

Tha an co-fhaclair Gàidhlig a-nis beò. Tha an goireas farsaing seo freagarrach do luchd-ionnsachaidh agus luchd-teagaisg. Tha e na inneal cànan feumail airson barrachd ionnsachadh mu chànan. <http://gaidhlig.ltscotland.org.uk/stuthantaic/thesaurus/index.asp>

## Gaelic Resource Bank

An updated version of the glossary in Gaelic-English and English-Gaelic has been updated to this site recently. This includes terms used frequently in different curricular areas and it is organised alphabetically.

<http://gaidhlig.ltscotland.org.uk/innealantaic/briathrachas.asp>

The Gaelic thesaurus is now live. This extensive resource is suitable for learners as well as practitioners. It is also a useful language tool to learn more knowledge about language. <http://gaidhlig.ltscotland.org.uk/stuthantaic/thesaurus/index.asp>

# Slàinte agus Sunnd

Tha Slàinte agus Sunnd a' ciallachadh builean nas fheàrr do dhaoine òga. Tha e deatamach ann a bhith ag ullachadh chloinne is dhaoine òga gu bhith a' togail air na ghabhas dèanamh airson 's gum bi iad nan luchd-ionnsachaidh èifeachdach agus tha e a' cuideachadh leotha airson na comasan aca a' thoirt gu buil. Cha ghabh am mòr-mhiann seo a ruigsinn ach tro shaothair mhòr le sgoiltean gus obrachadh còmhla agus prògraman a dhealbhadh a tha ag amas air slàinte is sunnd a theagasg gu soilleir. Bu chòir gun ullaich seo ar cuid chloinne is daoine òga le na sgilean, feartan agus comasan a bhios a dhìth is an saoghal againn ag atharrachadh. Bu chòir, cuideachd, gu toir e comas dhaibh airson tighinn gu co-dhùnaidhean fiosraichte a bheir guth dhaibh gus cur ri beatha na sgoile agus na coimhearsnachd san fharsaingeachd agus gus roghainnean a dhèanamh a chuidicheas iad gus beatha fhallain a bhith aca.

## Dleastanas na h-uile

Tha slàinte is sunnd air a bhriseadh sìos ann an 6 diofar earrainnean. Tha na h-earrainnean ann an clò trom mar dhleastanas air gach neach:


- **Sunnd inntinneil, faireachdail, sòisealta agus corporra**
- **Planadh airson roghainnean agus atharrachadh**
- **Càirdeas**, slàinte ghnèitheach agus pàrantachd
- Biadh agus slàinte
- Foghlam corporra, **gnìomhan corporra agus spòrs (ìre thràth is a' chiad ìre)**
- Mi-fheum shusbaint

## Dè is urrainn do sgoiltean is luchd-gnìomh a dhèanamh?

- Feumaidh sgoiltean lèirsinn co-roinnte a chruthachadh cho math ri tuigse air cho fìor chudromach sa tha slàinte is sunnd.
- Feumaidh slàinte is sunnd a bhith air a thoirt a-steach sa phròiseas planaidh.
- Feumaidh dòighean-obrach a bhith gnìomhach is brosnachail agus cothroman a thabhann airson dùbhlain is toileachas.
- Bu chòir do sgoiltean dealas a dhèanamh gus buannachdan dòigh-beatha fhallain a a chur air adhart tro ghnìomhan a tha eadar-dhealaichte agus fìor.
- Cleachd eòlas agus ealantas phroifeiseantaich agus chom-pàirtichean eile gus slàinte is sunnd chloinne is dhaoine òga a bhrosnachadh, a leasachadh agus a thoirt air adhart.
- Ceanglaichean a dhèanamh air feadh an ionnsachaidh gus an dleastanas a dhaingneachadh anns gach raon.

## Taic

Tha an làrach Glow aig Slàinte is Sunnd ga ùrachadh gu cunbhalach agus tha e na ghoireas luachmhor ann a bhith a' toirt air adhart an raon seo den churraicealam.



# Health and Wellbeing

Health and wellbeing is about improved outcomes for young people. It is vital in preparing children and young people to build the capacity to be effective learners and helps them to maximise their potential. This aspiration can only be met through a focused effort by schools to work together and plan programmes that aim to teach health and wellbeing explicitly. This should equip our children and young people with the skills, attributes and capabilities that they need to cope with our changing world. It should also empower them to make informed decisions that give them the voice to contribute to their school and wider community and make choices that help them to lead a healthy life.

## Responsibility of All

Health and wellbeing is broken up into 6 different organisers. The parts highlighted in bold are the responsibility of all:

- **Mental, emotional, social and physical wellbeing**
- **Planning for choices and change**
- **Relationships**, sexual health and parenthood
- Food and Health
- Physical education, **physical activity and sport (early and first level)**
- Substance misuse

## What can schools and practitioners do?

- Schools need to develop a shared vision and an understanding of the importance of health and wellbeing.
- Health and wellbeing needs to be considered in the planning process
- Approaches need to be active and stimulating and provide opportunities for challenge and enjoyment
- Schools should make a commitment to promoting the benefits of a healthy lifestyle through experiences that are varied and realistic
- Use the experience and expertise of different professions and partners to promote, develop and improve the health and wellbeing of children and young people
- Make connections across learning to embed the responsibility of all aspects

## Support

Our Health and Wellbeing Glow site is being constantly updated and is a valuable resource to help take forward this area of the curriculum.



Bha Gàidhlig aig crìdhe òraid aig tachartas Lìonradh Fòghlam Sìonach Albannach (SCEN) san t-Sultain às dèidh cuireadh còir bho Dr Judith McClude, Cathraiche.

Fhritheil sgoilearan bho Bhun-sgoil Chrois na Cìse an tachartas sna Gàrraidhean Luibheach Nàiseanta an Dùn Èideann. Thug iad seachad mìneachadh de ùrsgeul Sìonach ann an dà chànan. Fhuair iad cothrom feuchainn air Tai Chi agus coimhead air na lusain Sìneach sna gàrraidhean. Dh'ionnsaich iad cuideachd mar a tha sgoiltean eile a' rannsachadh mu Shìona agus cultar Sìonach tro dhiofar raointean den churraicealam.

Dh'ionnsaich gach sgoil a bha an làthair cuideachd beagan mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Gaelic was the focus of a presentation at September's Scottish Chinese Education Network (SCEN) event at the kind invitation of Dr Judith McClure, chairperson.

Some children from Tollcross Primary School attended the event at the National Botanical Gardens in Edinburgh. They presented their artistic interpretation of a Chinese folklore tale bilingually. They had the opportunity to experience Tai Chi and explore the Chinese plants in the gardens. They also learned how other schools are exploring China and Chinese culture through different areas of the curriculum.

All schools in attendance also learned a little about Gaelic Medium education.

## Ionnsachadh Alba

Tha Foghlam Alba an-dràsta an sàs ann an leasachadh de ghoireas air-loidhne nàiseanta, Ionnsachadh Alba. Thathar an dùil gum bi Ionnsachadh Alba na ghoireas 'one-stop shop', a' toirt cothrom dhan h-uile neach aig a bheil ùidh ann an rannsachadh mu Alba an cuid eòlais is tuigse air farsaingeachd ar cànan, cultar agus dualchas a leasachadh, agus airson sgilean, dòighean-smaoineachaidh agus rùn a thoirt air adhart gus am bi iad nan luchd-pàirteachaidh gnìomhach ann an comann-sòisealta na h-Alba. Bidh e na amas aig Ionnsachadh Alba: ceanglan a chruthachadh tarsainn air na goireasan beartach, beòthail a tha a' mineachadh nan nithean a thug cumadh ar fèin-aithne nàiseanta; misneachd agus beachdan dearbhach a bhrosnachadh le bhith a' cur taic ri obair le litreachas Albannach; agus cothrom a thoirt air eisimpleirean de na dòighean-obrach ùra a tha an-dràsta gan leasachadh taobh a-staigh farsaingeachd de cho-theacsan foghlaim. Gu cudromach, tha adhartachadh agus an leasachadh a tha a' dol air adhart a thaobh Gàidhlig agus Albais gu bhith aig cridhe obair Ionnsachadh Alba.

Thathar an dùil gun tèid Rannsachadh Alba a chur air bhog as t-Earrach 2012.

## Studying Scotland

Education Scotland is currently engaged in the process of developing a national online resource, Studying Scotland. It is intended that Studying Scotland will be a 'one-stop shop' resource, enabling all those who are interested in the study of Scotland to develop knowledge and understanding of the diversity of our languages, culture and heritage, and to acquire the skills, attitudes and dispositions to become active participants in Scottish society. Studying Scotland will aim to:

- make connections across the range of rich and vibrant resources which illustrate the forces that have shaped our national identity; promote confidence and positive attitudes by supporting engagement with Scottish literature, history, culture and society; and provide access to examples of the many innovative approaches to studying Scotland which are currently being developed within a range of educational contexts.

Importantly, the promotion and ongoing development of the understanding of the Gaelic and Scots languages will underpin the scope of Studying Scotland.

Studying Scotland is expected to be launched in Spring 2012



## Cnuasachadh na h-Alba

Bheir Buidheann-obrach Cnuasachadh na h-Alba, leis a' Mhinistear airson Ionnsachadh is Sgilean sa chathair, stiùireadh agus còmhairle ro-innleachdail seachad gus taic a thoirt san iomairt airson an dealas manifesto a chur an gnìomh a thaobh Cnuasachadh na h-Alba a bhith na raon choileanta le ionnsachadh san àrd-sgoil, agus aig an aon àm a' beachdachadh air cothroman a thoirt do sgoilearan nas òige airson a dhol an lùib ionnsachadh mu Alba mar phàirt de fhoghlam choitcheann, fharsaing. Beachdaichidh a' bhuidheann gu dlùth air mar a bheirear cothrom do sgoilearan air raon sònraichte de ionnsachadh mu Alba agus aig an aon àm a' seachnadh iomallachadh de ionnsachadh Albannach taobh a-staigh cuspairean curraicealaim a tha mar-thà ann. Thathar cuideachd a' beachdachadh air còmhairle a thaobh roghainnean ann an leasachadh theisteanais le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba.

Bheir a' Bhuidheann seachad stiùireadh nas mionaidiche cho math ri molaidhean ron Fhaoilleach 2012. Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba sreath de mholaidhean bho na tagraidhean as t-Earrach 2012. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Cnuasachadh na h-Alba agus a' Bhuidheann-obrach aig: <http://www.scotland.gov.uk/Topics/Education/Schools/curriculum/ACE/ScottishStudies>. Thèid an duilleag ùrachadh gu cunbhalach mar a bhios obair na buidhne a' dol air adhart. Tha a' Bhuidheann air coinneachadh trì tursan.

## Scottish Studies

The Scottish Studies Working Group, chaired by the Minister for Learning and Skills, will provide strategic advice and direction to support the implementation of the manifesto commitment on how we can make Scottish Studies a more integral strand of learning in the secondary sector, while giving consideration to opportunities for younger pupils to participate in learning about Scotland as part of a broad general education. The group will give particular consideration to how to ensure pupils have access to a distinct strand of learning about Scotland while avoiding any risk of the marginalisation of Scottish learning within existing subject areas of the curriculum. Advice is also being considered on options around qualifications development by the Scottish Qualifications Authority.

The Group will provide more detailed advice and recommendations by January 2012. The Scottish Government will announce a set of recommendations informed by those proposals in spring 2012. Further details about Scottish Studies and the Working Group can be found at: <http://www.scotland.gov.uk/Topics/Education/Schools/curriculum/ACE/ScottishStudies>. This page will be regularly updated as the Group's work progresses. The Group has now met on three occasions.

